

UHI Research Database pdf download summary

Coimhearsnachd chànanach mar fhoillseachadh àraid ann an sgrìobhaidhean bho dheireadh an 19mh linn.

Cheape, Hugh

Published in:
Litreachas, Eachdraidh agus Cànan

Publication date:
2020

The Document Version you have downloaded here is:
Peer reviewed version

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):

Cheape, H. (2020). Coimhearsnachd chànanach mar fhoillseachadh àraid ann an sgrìobhaidhean bho dheireadh an 19mh linn. In S. M. Kidd, T. O. Clancy, & R. O Maolalaigh (Eds.), *Litreachas, Eachdraidh agus Cànan: Rannsachadh na Gàidhlig 7* (pp. 104-117). (Rannsachadh na Gàidhlig). University of Glasgow: Roinn na Ceiltis & na Gàidhlig.

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

Coimhearsnachd chànanach mar foillseachadh àraid ann an sgrìobhaidhean bho dheireadh an 19mh linn¹

Hugh Cheape

Air feadh an t-saoghail, chanadh tu gu bheil e riatanach an cànan a thuigsinn anns a' chiad dol-a-mach gus tuigse fhaighinn air a' chultar anns an fharsaingeachd. Tha seanfhacal no 'maxim' ann air ceangal eadar cultar is cànan, seo e: 'to understand the culture, you must first understand the language'. Chitheadh deasbad corra bhliadhna anns a' chùis a thogadh na sgoilearan antrop-eòlais, mar eisimpleir, Tim Ingold is eile, ann an leabhar *Key Debates in Anthropology* (1996) a chuir cudrom air a' bheachd. Gu ìre ann am Breatainn, 'se laigse fìor chumanta a tha againn ann an sgrùdadh eachdraidh is cultar na h-Alba – *Scottish Studies* – nach b'urrainn dhuinn a bhith a' làimhseachadh cànan mar Seann Lochlannais no Gàidhlig na h-Alba, gun iomradh a chur ri Gàidhlig na h-Èirinn. 'Se suidheachadh a mhothaicheas tu ann an litreachas eachdraidh na h-Alba, gu h-àraidh air taobh eachdraidh na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus air taobh cuspairean eaconomach is sòisealta, sin e, gum faodadh stoidhle sgrìobhaidh glan soilleir a bhith ann, ach le sùil air susbaint, chan fhaiceadh na h-uiread dheth gun fianais bho bhile an t-sluaigh ri chur ann. Tha sin ri ràdh gum faic sinn ro thrìc suaicheantas gun susbaint, agus chuireadh *tokenism* ris: 'high on style, short on substance', casaid a chuir an t-Àrd Ollamh T S Kuhn am beulaibh an luchd saidheans.

Anns an t-seagh seo, iarrar modh (is *protocol*) nan sgoilearan susbaint a chur an àite casaid agus, anns a' phàipear a leanas, bidh mi a' cleachdadh fiosrachadh is fianais bho chùrsa MSc *Cultar Dùthchasach agus Eachdraidh na Gàidhealtachd* susbaint is aithneachadh a chur ris a' chuspair agus moladh a chur air adhart air tuigse nas doimhne agus dòighean chleachdaidh air Gàidhlig mar fhianais. Tha an cùrsa ùr-ghnàthaichte seo a tha againn aig Sabhal Mòr Ostaig air tighinn a-mach as a' chùrsa iar-cheumnach MA a chuir sinn air chois ann an 2005. Bha an MA *Cultar Dùthchasach agus an Àrainneachd* a' ruith mar phàirt den phrògram foghlam air astar agus air loidhne aig an t-Sabhal. Tha an cùrsa seo tro mheadhan na Gàidhlig a' tarraing air beairteas a' chultair dhùthchasaich, air litreachas, beul-aithris agus gu h-airidh air cànan nan daoine.² A thaobh a' chultair dhùthchasaich, cuirear cudrom air uidheam, air innealan is àirneis, le mìneachadh air 'àirneis' anns an t-seagh nas fharsaing a tha aig Dwelly, mar '*moveables, stuff, stock and cattle, accoutrements*'. Anns a' Bheurla, chuireadh 'material culture' no 'ethnology' ris.

¹ Chaidh am pàipear seo a libhrigeadh mar òraid aig Rannsachadh na Gàidhlig 7, Glaschu, 21-23 an Lùnastal 2012. Bu toigh leam buidheachas a thoirt don Oll Sheila Kidd airson taic is treòrachadh sònraichte air sgrìobhaidhean, irisean agus pàipearan naidheachd bhon darna leth dhen naoidheamh linn deug.

² Faic Fo-sgrìobhadh A aig deireadh na h-aiste airson bun-bheachd a' Chultair Dhùthchasaich mar 'Eitneòlas' no 'Ethnology' a tha aig cridhe a' chùrsa MSc.

Is àbhaist dhuinn a bhith a’ toirt sùil mionaideach air a’ chànan agus air briathrachas, eadar litreachas, bàrdachd agus gnàthas-cainnte dualchasach. Ann am bàrdachd mar eisimpleir, chitheadh tu briathrachas agus gnàthas-cainnte de gach seòrsa, agus cuideachd faclan brìoghmhor làitheil a chuireadh na bàird gu feum. Tha na h-uimhir de dh’eisimpleirean ri làimh, agus ann an leabhar bàrdachd Sheonaidh Chaimbeul à Gleann Dail a Tuath, tha sinn a’ cluinntinn mun chas-chrom:

Tha i cho math air a lùbadh
 Ceapa leathan, sgonnan ùr, is
 Calpa anns a bheil làn mo dhùirn, is
 Chan eil cùmhnadh air i bhith làidir.³

Bha Iain Pheadair na nàbaidh do Sheonaidh mac Dhòmhnail ‘ic Iain Bhàin agus thug e sìos ceud òran no mu 4,500 sreath de bhàrdachd aig Seonaidh, agus a’ toirt dhuinn sealladh air comas cànan aig duine fa leth anns na h-Eileanan aig an àm seo. Chuir Fear Chanaigh *Òrain Ghàidhlig le Seonaidh Caimbeul* ann an clò an 1936. Anns a’ cho-chruinneachadh iomraiteach eile, *Bàrdachd Leòdhais*, leughadh bàrdachd a bha stèidhichte no freumhaichte ann an uidheam obair fearainn agus obair chroitreachd. Aig an aon àm, faodar tuigse fhaighinn air tarraing eile, air a’ chas-chrom mar ‘bràmar’ agus air a’ chliabh-monadh mar *alter ego* no *doppelgänger* no ‘co-choisiche’ ann an saoghal nan Gàidheal. Leotha-san, tha pìos bàrdachd ionmholta a’ toirt dhuinn sealladh mionaideach air ‘Obair a’ Chroit an Leòdhas’ le sùil air obair àiteachais, air an àirigh agus a’ bhuain, agus a’ cur an cèill sgaradh eadar na daoine aig an robh eich is crann agus duine eile às an aonais. Tha sgilean seòlta àiteachais rim faicinn, mar eisimpleir, le ‘feamainn a’ chladaich a ghearradh cho tràth,/’s gum bi i na todhar airson a’ bhuntàt’. ‘Se Murchadh Mac a’ Ghobhainn à Liùrbost a rinn i agus chaidh e a theagasg do Sgoiltean Comunn Gàidhealach Mnathan Uaisle Dhùn Èideann, no ‘Sgoil na Leannies’ a chanadh iad riutha, air an stèidhicheadh ann an 1850.

Am measg nan teacsaichean a tha sinn a’ cleachdadh ann an cùrsa Sabhal Mòr Ostaig, tha sinn a’ creachadh nan seann leabhraichean, nan irisean agus nam pàipearan naidheachd bho darna leth den naoidheamh linn deug. Bha àireamh de phàipearan naidheachd a’ dol am meud tro na bliadhnaichean sin, agus gu h-àiridh a’ leantainn air an cur às do Achd na Stampa anns an 1855. Fon Achd seo agus na riaghailtean agus cìsean co-cheangailte rithe, bha goireasan mar pàipear cho cosgail, agus thàinig na goireasan seo nas doire an dèidh 1855 as aonais nan cìsean sin. Dh’fhàs an-uairsin gnìomhachas pàipearan naidheachd Linn Bhictoria agus bha iarrtas a’ mhòr-shluaigh ri pàipearan a’ sìor dhol am meud. Thoisich

³ Iain MacAonghais, *Òrain Ghàidhlig le Seonaidh Caimbeul*, (Air an deasachadh le Iain Latharna Caimbeul) Dùn Phàrlain 1936, 40.

sreath de dh' irisean is pàipearan naidheachd a chaidh chlaonadh ris na Gàidheil – ri co-chuideachd no coimhearsnachd de leughadairean ùra, agus tha an aiste seo a' cumail a-mach nach robh an leithid ann tro na linntean roimhe. Bhathar a' cleachdadh an dà chuid Gàidhlig is Beurla, a bhith a' glacadh ùidh shònraichte den ghnè romansach a bha air sgaoileadh a-measg luchd na Beurla. Dh'fhoillsich *An Gàidheal* (1871-1877), '*The Celtic Magazine*' (1875), '*The Celtic Monthly*' (1892), *An Deò-Ghrèine* (iris a' Chomuinn Ghàidhealach a nochd ann an 1905), agus leabhraichean bliadhnaile a thigeadh an clò bho na buidhnean ùra, a leithid mar Comunn Gàidhlig Inbhir-nis bho 1872, Comann Gàidhlig Ghlaschu agus Comunn Gàidhlig Dhùn Dèagh (1910-1918).

Le beachd a tha againn anns na sgrìobagan an seo, thèid sònrachadh no beachdachadh gur e co-chuideachd no coimhearsnachd chànanach – seo e '*language community*' - a bha ann eadar an luchd leughaidh is sgrìobhadairean tro na bliadhnaichean eadar mu 1870 agus 1914. Thèid beachdachadh is sònrachadh gun robh cumhachd na h-inntinne no '*intellectual dynamic*' ann, agus gun robh cumhachd na h-inntinne seo air a stèidheachadh air compàirteachas an eòlais chultarach, seo e '*shared cultural knowledge*', fo bhuidh gluasadan, tionndaidhean no '*trends*' eile. Anns an t-seagh seo, dh'fhaodadh tu tharraing à bun-bheachd antrop-eòlais air conaltradh, bun-bheachd a-rèir sgoilear Ameireaganach socio-chànanachais, Dell Hymes (1927-2009), a bha ag obair air conaltradh fo sgèith '*the ethnography of communication*'.⁴ Gu bhith nas chinntiche air a' bhun-bheachd seo, dh'fhaodadh giorrachadh a dhèanamh air modail antrop-eòlais aig Dell Hymes:

'... speakers in a particular community communicate in a manner which is not only correct according to a consensus but also appropriate to the socio-cultural context. Successful communication involves participants possessing a degree of shared cultural knowledge, a shared knowledge of the linguistic code and socio-cultural values, norms and values which guide the conduct and interpretation of speech.'

B' urrainnear coimhearsnachd chànanach a dh'ainmeachadh an rosg Gàidhlig eadar 1870 is 1914, agus gur e rosg nach eil ro fhaoin no lag a bha ann an litreachas na Gàidhlig a-rèir beachdan bitheanta sgoileireil an latha an-diugh an aghaidh sgrìobhainnean a thaing as a' ghàrradh-càil no '*Kailyard*'. Faodar a ràdh a-rèir sgrùdadh thar-chuspaireil an latha an-diugh gu bheil luach ann an litreachas a' ghàrradh-càil, mar eisimpleir le sùil air a' chultar dùthchasach. Nach eil fhios gun robh ginealach ùr de sgrìobhadairean a bha fo bhuidh rosg agus stoidhle Caraid nan Gàidheal aig an àm. Bha an t-Urramach Tormod MacLeòid a' sgrìobhadh seòrsa de rosg ùr anns a' chànan agus nochd a' mhòr chuid toradh na h-obrach aige fhèin eadar 1820 agus 1845. Air an darna taobh, chuir esan clach eile air càrn litreachais

⁴ Faic Muriel Saville-Troike, *The Ethnography of Communication*, Oxford 2003, *passim*, airson saothair, cuspair agus bun-bheachdan aig Dell Hymes.

a bha fo bhuaidh nan sgrìobhadairean Piuratanach bhon ochdamh linn deug ach, air an taobh eile, bha e a' sgrìobhadh gu sònraichte airson Gàidheal nan làithean aige fhèin ann an àrainneachd cho caochlaideach is a b'urrainn dha aithneachadh. Rinn Caraid nan Gàidheal adhartas mòr anns na bha fa-near dha agus ann an caochladh stoidhlichean a chleachd e, cuid dhiubh car aotrom ged a bha fiosrachadh agus teachdaireachd moralta fichte troimhe.

Roimh àm an Dealachaidh no 'Sgaradh na h-Eaglais' ann an 1843, bha foghlam fo làimh na h-eaglaise stèidhichte. Bha siostam an fhoghlaim air staidheachadh air sgoiltean parraisteach le taigh-sgoile agus maighstir sgoile fo smachd cùirtean na h-eaglaise. Le atharrachaidhean a bha a' gabhail àite aig deireadh an 18mh linn agus toiseach an 19mh linn, le àireamh an t-sluaigh a' sìor dhol am meud, le daoine ag imrich do na bailtean mòra agus thall thairis, agus le tionndaidhean àiteachais is gnìomhachais a' sgaoileadh air feadh na dùthcha, bha Àrd-Sheanadh na h-Eaglais gu mòr mothachail nach robh siostam dualchasach na sgoiltean pharraisteach ag obrachadh tuilleadh. Bha beàrn mòr ann an fhoghlam gu h-àraidh air iomall na dùthcha agus bha an siostam a' fàilligeadh.

An uair a chaidh an Eaglais Shaor staidhicheadh ann an 1843, bha ceist nan sgoiltean a-measg nan amasan as cudthromaiche dhaibh. Chuir iad air chois sgeama airson 500 sgoiltean agus thàinig leasachadh eile air suidheachadh an fhoghlaim. Sgrìobh an t-Ollamh Robert S Candlish ann an 1847:

She obtained the services in her educational department of the very élite, the very flower of all the educational bodies in all broad Scotland. She got the flower of the Parochial teachers, she got the flower of the Assembly teachers, and during the past year the Establishment has given us the flower of that valuable body of men, the teachers of the Society for Propagating Christian Knowledge.⁵

Cha do dh'fhàg Caraid nan Gàidheal fhèin an Eaglais Stèidhichte ann an 1843, ach lean e air a bhith a' feuchainn ri litreachas a bha na b' fhaighe air gnè na Gàidhlig a chur mu choinneamh nan daoine. Chuir e na sgrìobhaidhean aige mu choinneamh ginealach ùr aig an robh comas leughaidh agus comas sgrìobhaidh anns a' Ghàidhlig, ginealach ùr a fhuair foghlam an sgoiltean far an chleachdadh a' Gàidhlig. Ged a thogadh an ginealach ùr anns a' Ghàidhealtachd, thàinig iad gu bhith sgapte agus chuir iad seachad a' mhòr chuid de am beatha anns na bailtean mòra. Ma sheallas sinn air na sgrìobh na daoine a dh'fhàg an dùthaich far an do rugadh iad, dh'fheumadh sinn a dh' aithneachadh gun robh iad a' togail cuimhne air an dùthaich a dh'fhàg iad, le tomhas de fhaireachdainnean brònach, le cianalas is gràdh-dùthcha, agus ma dh'fhaoidte ann an stoidhle nach eil a' còrdadh ruinn an

⁵ Thomas Brown, *Annals of the Disruption*, Edinburgh 1892, 323; chuir an t-Ard Oll Dòmhnall MacFhionghain ainm ri SSPCK anns a' Ghàidhlig le 'A' Chuideachd Urramach atà chum Eòlas Criosdail a sgaoileadh air feadh Gàidhealtachd is Eileanan na h-Alba'.

còmhnaidh. Bho shealladh eile agus air taobh eachdraidh shòisealta is eaconomach na h-Alba agus cànan nan Gàidheal, tha luach air leth ann an sgrìobhaidhean nam bliadhnaichean seo fhathast. Tha cuimhneachan anns na sgrìobhaidhean agus seachas is tuairisgeulan mionaideach air coimhearsnachdan na Gàidhealtachd is nan Eilean, bho Dhùthaich MhicAoidh gu Peairt, agus bho Innse Gall gu Àrd-chrìochan Shiorrachdan Obair Dheadhain is Machair Aonghais. Tha saidhbhreas briathrachais annta agus fiosrachadh air leth air cultar dùthchasach. Tha feart ann an dha-rìreabh air ‘coimhearsnachd chànanach’ no ‘*linguistic community*’ ach, aig a’ cheann thall, coimhearsnachd a bha sgapte anns na bailtean mòra agus thar a’ chuain.

Ris a’ choimhearsnachd chànanach sgapte seo, thàinig buaidh shònraichte bho thionnsnadh an fhoghlaim tràth anns an naoidheamh linn deug. Chuireadh Comann nan Sgoiltean Gàidhlig air chois ann an Dùn Èideann anns a’ bhliadhna 1811, le rùn comas na Sgrìobtaran a leughadh nan cànan fhèin a thoirt do na Gàidheil. Air an adhbhar seo, chuir an Comann romhpa gum biodh sgoil Gàidhlig anns gach clachan far an robh feum oirre. Bha an Tiomnadh Nuadh air eadar-theangachadh fada mus do thoisich an Comann agus bha am Bìoball gu lèir deiseal anns a’ bhliadhna 1810. Sin an aon teacs a bha ri làimh do na h-uile. Thoisich iad gu slaodach a chionns gun robh an airgead gann agus goireasan a dhìth, ach sgaoil obair a’ Chomainn fad is farsaing air Tìr-mòr agus air feadh eileanan a’ Chuain Siar fad nam bliadhnaichean. Cha robh ann am bochdainn nan sgoiltean ach comharradh eile air suidheachadh cultar is eaconamaidh na Gàidhealtachd ann an 19mh linn, agus bha meas sònraichte aig a’ mhòr-shluagh ri foghlam a dh’aindheoin dìmeas ri fhaicinn anns na brathan a leanas bho bheul-aithris co-aimsireil:

Fidhlear is tàillear is cat,
Breabadair is greusaich’ is muc,
Maighstir-sgoil’ is cearc.⁶

Thoisich an Comann le còig sgoiltean beaga, an ceann bliadhna bha fichead aca, agus an ceann fichead bliadhna bha ceithir fichead sgoil ’s a còig ann. Thàinig car eile ri foghlam agus ris a’ Ghàidhlig an uair a ghabh an riaghaltas Achd an Fhoghlaim ann an 1872 ach, a-rèir aithris, chaidh mu 90,000 neach tro shiostam nan Sgoiltean Gàidhlig agus thàinig iad a-mach uidheamaichte ann an leughadh is sgrìobhadh na Gàidhlig.⁷ Seo e a’ choimhearsnachd chànanach ùr a bha innte. Le sealladh air oideachas traidiseanta fhaighinn, gu bhith a’ leughadh nan Sgrìobtaran nan cànan fhèin, is beag an t-iongnadh gun robh beachd aig a’ mhinistear ainmeil, An t-Urramach Iain MacRath (1794-1876), no ‘MacRath Mòr’ mar a

⁶ Rev John Macrury, Seana bheachdan agus seana chleachdaidhean, *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 22 (1897-1898), 134.

⁷ V E Durkacz, *The Decline of the Celtic Languages*, Edinburgh 1983, 95-153.

chanadh iad ris, air na Sgoiltean Gàidhlig a tha fhathast air chuimhne: ‘Cho fad ‘s a bhios bainne geal aig boin dhuibh, bidh cuimhne fìor mhath aig muinntir Leòdhais air na Sgoiltean Gàidhlig’. Bha beachd eile aig Dòmhnall MacFhionghain mus tàinig e gu Cathair na Ceiltis ann an Oilthigh Dhùn Èideann an uair a sgrìobh e anns an iris, *An Gàidheal*, gum b’ fheàrr leis fhèin seann dòigh nan sgoiltean ro Achd an Fhoghlaim. Rinn e aithris air ‘... teagaisg easbhaidheach; ach teagaisg an tomhas, a dh’fhaodadh a bhith air a leantainn le buannachd am mòran de na sgoilean Gàidhealach air an la an diugh.’ A dh’aindheoin na bha aca, thog e caoidh orra:

Is mòr m’ eagal nach fada a bhios tigh-sgoile gun dorus, gun simleir, le toll-uinneig air son solus a leigeadh a-steach, is toit a leigeadh a mach, le ùrlar fliuch, is le suidheachain de chlachan is de fhòid-mhòine, no maighstir-sgoil nach labhair ach Gàidhlig, ri am faotainn anns an tìr.’⁸

Tha na h-uimhir de sheanchas bunasach le beairteas briathrachais ri làimh fhathast. Dhèanar taghadh mar toiseach tòiseachaidh bho sgrìobhainnean Alasdair MacGilleMhicheil, fear rannsachaidh as ainmeil bhon uairsin, le briathran bho shaoghal nan Gàidheal a chleachdadh le luchd-eachdraidh na h-Alba gu bitheanta gun a bhith a’ breithneachadh orra. Sgrìobh Alasdair aiste bhrìghmhor mar fhianais ri Coimisean Rannsachaidh ann an 1883 agus fhuair e cuireadh bhon fhear-cathrach, am Morair Napier, a bhith ga leudachadh mar aithisg fa leth le seallaidhean ionmholtair air dòigh beatha agus teachd-an-tìr muinntir na Gàidhealtachd. Nochd an aithisg seo ann an 1884 mar ‘*Grazing and Agrestic Customs of the Outer Hebrides*’ agus sgrìobh an ùghdar:

The term Run-Rig seems a modification of the Gaelic Roinn Ruith – ‘division run’. In this case the word ‘run’ is used in the sense of common. In Gaelic the System of Run-Rig is usually spoken of as Mòr Earann – ‘great division’, or Mòr Fhearann, ‘great land’. Occasionally, however, an old person calls the system Roinn Ruith. This seems the correct designation and the origin of the English term Run-Rig.

A dh’aindheoin beairteas briathrachais a bha ri fhaotainn, tha am beachd seo doirbh a chreidsinn. Nach leig e air nua-fhacal a bhith ann am briathrachas ‘Roinn Ruith’, far a bheil fios againn fhathast an latha an-diugh bho bheul aithris gur e ‘màgh mu seach’ agus ‘iomair mu seach’ a tha nan abairtean airson dealachaidhean a chuireadh air an fhearainn no dòigh obrach a chleachdadh ri àiteachas.⁹

⁸ Lachlan Mackinnon, *Prose Writings of Donald Mackinnon, 1839-1914*, Scottish Gaelic Texts Society 1956, 264,269.

⁹ Faic mar eisimpleir <http://www.smo.uhi.ac.uk/~hc.smo/briathrachas.html>. agus Roy Wentworth, *Faclan is Abairtean à Ros an Iar*, CLAR 2003, 633.

A-rèir suidheachadh poileataigeach na Gàidhealtachd aig an àm le dùthaich air aimhreit agus mi-dhìlseachd agus aineolas nan Gàidheal a-rèir beachdan fo amharc Riaghaltas Bhreatainn, dh'fhoillsich comhairle an clò a thàinig bho Bheurla le eadar-theangachadh agus le tionndadh gu Gàidhlig air duilleagan aghaidh ri aghaidh. Bha comhairle ri obair àiteachais air duilleagan no pamflaidean gu math cumanta agus tha eisimpleirean ri làimh nach eil furasta a ghabhail ris. Thog 'Eileanach' stoidhle cho sgaiteach ri sgrìobhadh ann an 1885:

Dh'oibreachadh gach croitear gu dichiollach fhearann, an àite faoin-choltas àitich a dhèanamh air uachdar, agus chuireadh e de iongantas air, an t-eadar-dhealachadh a bhiodh eadar an bàrr a b' àbhaist da a thogail air an t-seann talamh chruaidh, thana, agus am bàrr a chinneadh an deigh oibreachadh gu domhain le caibe agus le piocaid, 's gum biodh nàire air an deigh na faoineis a bha e fhèin agus daoine eile a' bruidhinn agus a' sgrìobhadh mun fheum a bha air "tuilleadh talamh-àitich" na còig acraichean.¹⁰

Bha eisimpleirean eile rim faotainn a tha fhathast tlachdmhor agus feumail ri fianais, mar 'Beachd-chomhairlean airson feum do Thuathanaich agus Choitearan Gaidh'lach' (1838) agus 'An Seòl air an Glacar agus an Grèidhear an Sgadan, agus air an Grèidhear an Trosg, an Langa, an Traille agus an Falmair' (1846), tràchdas ghoirid a nochd fo làimh Bòrd an Iasgaich (no 'Bòrd na h-Iasgaireachd Bhreatainnich' a chuireadh ris aig an àm) le eadar-theangachadh a rinn an t-Urr Alasdair MacGriogair. Bheachdaich MacGriogair ris a' Bhòrd anns an ro-ràdh: *The number of technical expressions in the excellent Treatises, and the difference in the idioms in the two languages, made it no easy matter to convey the spirit of the original into the translation, in plain, and at the same time, in almost literal terms.*¹¹ Gu deimhinn, rinn e a dhìcheall thar 32 duilleagan seòlaidhean a thoirt seachad agus abairtean a chur gu deuchainn, mar eisimpleir: 'Bu chòir do na barailibh a bhi air an dèanamh a dh'fhiodh air a dheagh chaoineachadh, agus bu chòir aire a thoirt gun dèanar dìonach iad aig an èarr, agus eadar na clàran, leis an luibh-uisge sin ris an abrar an gall-sheilideir, no an luachair-mhòr, a chum gun glèidhear a' cheud phiceal ...'. A thuilleadh air a' bheairteas seo, tha briathrachas domhain gnathas-chainnteach ann an Gàidhlig air feadh sgeulachdan agus òran a chaidh a sgrìobhadh sìos le Iain Òg Ìle agus a luchd-leanmhainn. Gheibhear co-theacs còmhla ri facal

¹⁰ 'Mu Aiteach Croitean', *Croft Cultivation by an Old Crofter with a Gaelic translation by John Whyte*, Inverness 1885, 21.

¹¹[Sir John Mackenzie of Gairloch], *Beachd-chomhairlean airson feum do Thuathanaich agus Choitearan Gaidh'lach*, Inbhir-Nis 1838; Sir Thomas Dick Lauder, *Directions for Taking and Curing Herrings, and for Curing Cod, Ling, Tusk and Hake*. Edinburgh 1846, 4.

agus gu tric gheibhear brìgh is mìneachadh orra.¹² Chaidh cùl-taic a thoirt gu dealasach dhan choimhearsnachd chànanach seo agus faodaidh sinn a bhith dhen bheachd gun robh tuigse aig an luchd-leughaidh. Aig an àm bha beachd aig an fheadhainn gun robh tuigse aig an luchd-leughaidh ann an da-rìribh agus sgrìobh cuid ri mothachadh poileataigeach a thogail. Sgrìobh D C MacMhuirich gu neartmhor air a chultar dùthchasach anns an iris, *An Gàidheal*, ann an 1877, ri chur ann an clò a-rithist òran a rinn Ailean Dall MacDhùghaill ann an 1798, ‘Òran nan Cìobairean Gallda’, agus casaid a chur an aghaidh an t-siostam agus an sgrìobhaiche a thàinig am bàrr leis na ‘caoraich-cheannriabhach’ agus ‘gabhlaidhean-mòra’.¹³

Am broinn an tighe agus ‘aig an teine’, bha duine a’ sgrìobhadh air diofar cuspairean a tha a’ toirt dhuinn air dè cho fad is farsaing a bha an cànan a’ dol agus tuigse a bha fhathast aig na leughadairean. Bha Màiri NicEalair a’ sgrìobhadh mar eisimpleir air soillseachadh agus goireasan solais, a’ clàradh na bha aice mu seann chleachdaidhean agus mu bhriathrachas.¹⁴ Ri obair a’ chladaich, tha gnathas-cainnte no dual-chainnte ri fhaighinn fhathast anns an 20mh linn, mar eisimpleir, ann an ‘Saoghal Bana-mharaiche’ deasaichte le Seòsamh Watson (2007) bho chuimhneachan Bel-Anne Nic Aonghais a rugadh ann an 1889 agus seachas bho ‘shluagh gun ghuth’ a-rèir an aithris aice fhèin. Chitheadh faclan mar càrnairean, trig, muirceann, sràilleach is a leithid bho bhailtean beaga na h-iasgaireachd air Taobh Sear Rois. Thàinig briathrachas a-nuas dhuinn air bile an t-sluaigh bhon 19mh linn a tha a’ toirt dhuinn sealladh air saoghal eile far an robh gach duine an sàs ann an iasgach, mar eisimpleir, ‘Toiseach iasgach nan lion-mhòir ann an Nis, timcheall 1876-1877’ bho aithris Aonghas MhicPhàil no ‘Aonghas Maois’, bho Arnol (1968).¹⁵

Tha tòrr a bharrachd againn air uidheam obair fearainn agus obair a’ chroit, agus rinn cuid an t-saothair anns a’ chuspair, uaireannan a’ clàradh briathrachas agus abairtean a chleachdadh ann an raon-obrach sònraichte. Bha Catriona Ghrannnd na deagh eisimpleir anns a’ chùis, a’ sgrìobhadh air ‘calanas’ agus seann chleachdaidhean ri lìn (*flax*) agus clòimhe a dheasachadh agus a snìomh.¹⁶ Bha Catriona a’ sgrìobhadh an leabhar eile air

¹² Lord Archibald Campbell, *Records of Argyll. Legends, Traditions and Recollections of Argyllshire Highlanders, collected chiefly from the Gaelic*. Edinburgh: W Blackwood & Sons 1885, 31, 75, 98, 159, 237, 259, le sùil air na faclan ‘feòcullain’, ‘taghan’, ‘sleuchd’, ‘geimheal’, ‘clàraidh’, ‘fochann’, ‘graddan’.

¹³ D C M, Oran nan Cìobairean Gallda; agus mar a thàinig na caoirich-cheannriabhaich don Ghàidhealtachd, *An Gàidheal* 6 (Treas Mios an t-Samhraidh 1877), 203-206.

¹⁴ Mary Mackellar, “Peermen” and their relations, *Celtic Magazine* 9 (1883-1884), 45-47.

¹⁵ Tormod MacLeòid, Toiseach is deireadh iasgach nan lion-mhòir air Taobh Siar Leòdhais, *Gairm Àireamh* 78 (1972), 155-158.

¹⁶ K W Grant, ‘Gaelic Technical Terms connected with Calanas, etc.’, *The Celtic Monthly* 9 (1901), 174-75, 186-88, 237-39.

cleachdadh nach eil ri fhaighinn anns na sgeulachdan no anns na diofar eadar-theangaichean:

‘S an t-samhradh bha an fheudail a’ dol air Àirigh, agus bha sinn a’ tighinn beò, ‘s a chuid a bu mhodha, air bainne. Bha brochan bainne ‘s brochan mìg againn an àite brochan bùirn. Bha ìm is càise gan dèanamh mar chuid de stòr a’ gheamhraidh. Bhiodh gruidheam againn mar annas, agus bha gu leòir de mhèag ‘s de bhainne-goirt ann ri òl. Am bainne, anns gach dòigh air an gabhadh e còcaireachd: uibhean, agus iasg; b’ iad sin, le aran-coirce no aran eòrna air a mheasgadh le beagan min-pheasrach, ar lòn san t-samhradh. An dèidh tighinn dachaidh on àirigh, no uaireigin mu dheireadh an fhoghair, bha mòran aig an robh a’ chleachduinn fuil a thoirt às a’ chrodh. Theireadh iad nach bu mhisd an crodh seo idir, air dhaibh a bhi reachdmhor an dèidh an deagh bhliadhnachadh. Bha ‘n fhuil air a bruich, air a sailleadh ann am measair, agus air a cur seachad airson aindeal-geamhraidh. An uair a bhiodh feum oirre rachadh meall a chur am poit, le geir agus uinneinean, agus bha ‘m biadh seo air itheadh le aran mar gun robh ann marag-dhubh.¹⁷

Bha na sgrìobhadairean a’ cumail air cleachdaidhean ceangailte ri ràitheachan dhen bhliadhna, mar ‘glanadh a’ bhaile’, cleachdaidhean nan àirighean agus leasachadh nam bothanan as t-samhradh.¹⁸ Bha Donnchadh Caimbeul a’ sgrìobhadh mu na h-àirighean ann an siorramachd Pheairt agus Bràghad Albainn. Bha na bothanan-àirigh aig sluagh Gleann Lìobhunn mu fhichead mìle air astar bhon bhaile aca. Theireadh seann bhoireannach gu muladach le cuimhne orra, leis mar a bhiodh i fad air falbh bhon mhinistear agus a sgrùdadh, bho na searmonan aige agus a cheasnachadh: ‘Fionna Ghleann mo chridhe, far nach bitheadh Di-Dòmhnach’.¹⁹ Air tìr-mòr Earra-Ghàidheal, bha Ruairidh Caimbeul a’ sgrìobhadh air a’ Chlò Mòr agus a’ beachdachadh air aobhar sgrìobhaidh aige, ‘... gu sònraichte a chionn ‘s gu bheil mòran fhacail air an gnàthachadh a tha air dol a mach a cleachdadh an diugh, agus, mar sin a bha duilich an toirt gu cuimhne’.²⁰ Chuir Alexander Mackay seachad briathrachas sònraichte agus seachas mun àth agus mu na ‘muilnean

¹⁷ K W Grant, *Aig Tigh na Beinne*. Oban 1911, 155; an uair a dh’fhoillsich eadar-theangachadh bhon sheachas seo, dh’atharraich an sgeul gu cruth caoin.

¹⁸ Alasdair Camshron, Cleachdaidhean nan Àirighean Gàidhealach, an Malcolm C MacLeod (ed.), *The Celtic Annual 1914* (Dundee [1914]), 27-31.

¹⁹ Duncan Campbell, ‘Highland Shielings in the Olden Time’, *Transactions of the Inverness Scientific Society and Field Club* Volume 5 (1895-18990, 87; agus faic cuideachd na sgrìobh an ùghdar anns an leabhar aige, *Recollections of an Octogenarian Highlander*.

²⁰ Ruairidh Caimbeul, An Clò Mòr, *An Gàidheal* 28 (1933), 186-187; faic cuideachd Fo-sgrìobhadh B aig deireadh na h-aiste airson cunntas air ‘smeuradh’ agus obair nan caorach a chaidh à bith.

dubha' no 'Muilnean Lochlannaich' ann an Dùthaich Mhic Aoidh.²¹ Thug e sùil air briathrachas na muilne le cunntas mionaideach air 'an leibhinn', 'treabhailt', 'sleaghag', 'bròg', 'claban', 'an t-each' agus iomadh brath eile. Bha an t-Urr Teàrlach Robasdan a' cruinneachadh briathrachais fad a bheatha agus thug e sùil gu h-àraidh air uidheam an fhearainn.²²

Mar a tha sinn a' sgrùdadh nan teacsaichean seo airson a' chùrsa 'Cultar Dùthchasach agus Eachdraidh na Gàidhealtachd', tha sinn an urra gu mòr ri faclairean, ach, a bharrachd air fear no dhà mar 'Dwelly' còir, chan eil faclairean Gàidhlig sa chumantas air a bhith math air briathrachas a' chultair dhùthchasaich, no air dealachaidhean a tha rim faicinn eadar diofar sgìrean no diofar raon obrach, a chlàradh. Bha seallaidhean agus ùidh aig luchd nam faclairean a' cuimseachadh gu sònraichte air litreachas, feallsanachd-inntinn agus air a' chànan aig ìre as àirde a bharrachd air stuthan, acfhainn, àirneis, innealan agus rudan cruthaichte airson an obair làitheil. Anns an t-seagh seo, chan dh'fheumadh sin a chur iongantais oirnn cho fad 's a bha fir nam faclairean ag obair aig ìre a b' àirde mar ministear, sagart no sgoilear is oide nan oilthighean.²³

Ged a bha faclan is abairtean aig Dwelly air am foillseachadh roimhe ann am faclairean na bu tràithe, chruinnich e fiosrachadh eile le cuideachadh bho cho-oibrichean ann an diofar ceàrnaidhean dhen Ghàidhealtachd. Bha na co-oibrichean nan daoine aig an robh ceanglaichean follaiseach ri cànan làitheil agus gnathas-cainnt bunaiteach ri teachd-an-tir an t-sluaigh. Chaidh cuspairean anns a' chultar dùthchasach a thoirt a-steach dhan fhaclair seo agus air an leudachadh ann an dòigh nach robhas air faicinn ron seo. Chuir e dhan fhaclair aige meud mòr de mhion-fhiosrachadh briathrachais air bàtaichean, air croinn-threabhaidh agus obair threabhaidh, air taighean is togalaichean, air fighe agus obair na brathan, le dealbhan agus sgeidsichean airson am fiosrachadh a dhaingneachadh.

Tha feum aig sgoilearachd Ghàidhlig an-diugh ri mòran de dh'fhaclairean earbsach is ceart mar a bhios 'Faclair na Gàidhlig' a' toirt dhuinn gu h-aithghearrachd. Ach, anns na th' againn

²¹ Alexander Mackay, The Horizontal Mill at Kirtomy, Farr, Sutherlandshire, *The Celtic Magazine* 11 (1886), 470-74; Alexander Mackay, The old kiln and the mill, *Celtic Monthly* 13 (1905), 118-120; agus faic cuideachd sgrùdadh le Hugh Cheape, *Kirtomy Mill and Kiln*. Scottish Vernacular Buildings Working Group [1984].

²² Charles M Robertson, 'Gaelic Technical Terms', *An Deò-Ghrèine* 1 (1906), 84-86, 96-97, 112-113, 169-171, 181-183, 197-198; *An Deò-Ghrèine* 2 (1906-1907), 12-13, 43, 70-71, 86, 98-99, 111-113, 129-131, 174-175, 194-195.

²³ Cha dèanar àicheadh nach eil feum anns an t-saothair seo, m.e., C Ó Dughail, Some new Gaelic terms for educational use, *Celtic Annual 1918* (Dundee [1918]), 33-47; faic cuideachd sgrùdadh air rannsachadh briathran a rinn Charles Loch (1887-1960) an Anja Gunderloch, The quest for Gaelic: Charles Loch, learner and lexicographer, *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 62 (2000-2002), 110-155. Bu toil leam taing a thoirt don Oll Anja Gunderloch airson an fhiosrachadh seo.

de stòrasan briathrachais ri làimh, tha mìneachaidhean agus suidheachaidhean sònraichte fhathast gu tric a dhìth. Tha feum ann fhathast airson rannsachadh dòigheil de stòrasan sgrìobhte agus eadhon labhairteach, agus leis a' bhriathrachas air a chur ann an dòigh a dh'fhoillsicheas a bheartas agus eugsamhlachd. An uair a bha cultar agus dòigh beatha nan Gàidheal an ìre mhath ann an suidheachadh maireannach, bha comas is cleachdadh a' chànain a' fàs mar toradh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns a' chiad leth dhen naoidheamh linn deug. Bha sluagh ann an uairsin a bha a' leughadh is a' sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig agus air cuspairean a bha dlùth-cheangailte ris a' bheatha aca. Bha saothair aca a' taomadh a-mach anns na pàipearan naidheachd agus irisean a tha fainear dhuinn. Cha d'ràinig na sgrìobhaichean deireadh an sgeòil an uair a thàinig a' Chiad Chogadh agus na h-atharraichean mòra na lùib. Chaill 'a' choimhearsnachd chànanach' lùth is deòin, mar sluagh sgapte gun ghuth no foghlam anns a' chànan màthaireil, agus chaill iad ceangal ri dòighean-beatha traidiseanta agus sùil air ais orra. Tha cuimhneachan air briathrachas domhain is farsaing a' fàs gann, tha tuathanachas agus iasgach a' crìonadh agus an sabhal agus a' bhàthach a' tuiteam às a chèile.

A dh'aindheoin nan atharraichean, tha an cànan beò le teist is tùsan ri làimh agus fianais orra tro chompàirteachas de dh'eòlas cultarach no '*shared cultural knowledge*' dhen sheòrsa a tha sinn a' sgrùdadh anns an aiste seo. Gun a bhith a' beachdachadh air suidheachadh nan mion-chànan no 'gluasad cànan' (agus cuspair socio-chànanachais ann an *reversing language shift*), tha fhathast seòrsa de dh'obair rannsachaidh romhainn, a-measg seann coimhearsnachd chànanach le compàirteachas de dh'eòlas cultarach, agus tha stòras ùr de bhriathrachas a' nochdadh airson tòrr a bharrachd sgrùdaidh. Dh'fhaodadh cuideachd atharrachadh eile a bhith a' tighinn a-nuas oirnn, an raon inntleachdail a leudachadh mar bu chòir leis na goireasan a tha againn nar latha fhèin, agus tarraing eile a thoirt don abairt a b' àbhaist a bhith aig na Gàidheal:

Tha a' Ghàidhlig math gu leòr na h-àite fhèin – 's e sin ri ràdh, air latha fainge, no air a' chroit, no aig an iasgaich.

Sabhal Mòr Ostaig
An Dùbhlachd 2012

Fo-sgrìobhadh A:

Beachd Henry Glassie air sàr sgoilear cruinn-eòlais agus eachdraidh, an t-Àrd Ollamh Estyn Evans (1905-1989):

Start here, he taught, in this place, muddy beneath the feet, cloudy overhead, green upon the eye. Professor Evans said we must first know the local instance. Situating ourselves on particular earth, we prevent abstractions from carrying us away and tangling us in the filaments of our obsessions. This firm place displays to us a configuration of traits, a peculiar

personality. Behind the measurable, depictable face of things, lies the dynamic revealed by analysis: the dialectic of environmental and historical forces, bent by will, managed by human beings. Emplaced they do the best they can, given their limited resources and the storms that wreck their glens and keep them poised for contingency. The locale, its personality, is the yield of human enterprise, deserving understanding and, like any work of art, appreciation. In his book, Mourne County, written in and about a high corner of north-eastern Ireland, Professor Evans has provided for all time a model study of one place as the record of exchange between the environmental and the historical, mediated by the human. [E Estyn Evans, Ireland and the Atlantic Heritage. Selected Writings. Lilliput Press 1996, ix].

Fo-sgrìobhadh B:

SMEURADH NO SMIÙRADH NAN CAORACH

Chan eil a leithid de rud agus smiùradh air a chleachdadh an aite sam bith an diugh, a chionn, le Achd lagha, feumaidh caoraich a bhi air an tumadh ann an stuth-glanaidh, dà uair 's a' bhliadhna. Feumaidh, a thuilleadh air sin, a' maor-sithe a's fhaisg air làimh, sgrìobhadh fhaotainn gun deach an tumadh seo a choimhlionadh gu h-òrdail agus gu rèidh anns gach baile. Anns an t-seann latha bha gach teaghlach a' sònrachadh oidhche àraidh gu smiùradh nan caorach. B' i an oidhche fhada gheamhraidh a bha air a cleachdadh an còmhnaidh air son na h-oibreach seo, agus bhiodh na h-uiread de bharrailtean tearra air an òrdachadh leis gach beag bhaile agus tuath, mu sheachdain ro' àm an smiùraidh. Bhiodh prais mhòr, ris an cainte a' phrais-thearra air a cumail, gu daonnan, anns gach dachaidh agus an uair nach biodh feum dith bhiodh I air a cumail air a beul foipe an cùil air chor-eigin mun tigh. Dh'fheumadh an teàrr a bhi aig tigheadachd shònraichte agus b' e olla èisg, mar bu trice, a bha air a cleachdadh gu a tanachadh. Bu trang a bhiodh buill an teaghlaich fad an latha ri cruinneachadh nan caorach don t-sabhal, ri deasachadh fuirm smiùraidh agus ri socrachadh na prais-thearra gu goireas an luchd-smiùraidh. 'S e fìor obair sgìth a bh' ann do neach a bhi fad oidhche le dhruim crom a' tearradh agus bu mhaith an obair caora a chur seachad fa chomhair gach leth-uair an uaireadair, a chionn gu robh na caoraich trom agus doirbh an umhlanachadh aig an àm seo den bhliadhna. Bha gach caora air a leagail eadar glùinean an fhir-smiùraidh agus strìoch air a dèanamh anns a' chlàimh leis an dà òrdaig o bhunn an earbaill gu caol na h-amhach. Mar seo bha strìoch an dèidh strìoch air an dèanamh ma thri òirlich o chèile agus gach strìoch air an liosraigeadh le bhi tumadh na corraige anns an teàrr. Tha e air aideadhadh gu saor an diugh, nach eil an tumadh idir cho maith don chlàimh ris an t-seann dòigh, ach ged a dh'fhaodas sin a bhi mar sin cha ghabh an smiùradh a thoirt air ais ged bu mhaith leinn e.

[Ruairidh Caimbeul, Minard, 'An Clò Mòr', *An Gàidheal* 28 (An t-Sultain 1933), 186.]